

BM-01: Siubhal (Rudan no daoine nan tàmh no a' gluasad)

Motion (Things or people at rest or in motion)

Presenter: Seumas Dòmhnallach (James MacDonald)



ÌRE: **Bunaiteach-Meadhanach**
CUSPAIR: **Siubhal** (Rudan no daoine nan tàmh no a' gluasad)
PUINGEAN CÀNAIN: **a-steach/a-staigh; a-mach/a-muigh;**
a-null/a-nall; thall/a-bhos;
shuas/shìos; a-nuas/a-nìos

SEUMAS:

Uaireannan, ann an còmhradh, feumaidh sinn innse càit a bheil rudeigin no càit a bheil sinn a' dol. Is dòcha gu bheil sibh air cuideigin a chluinntinn ag ràdh rud mar: "Tha mi a' dol a-mach," no "Tha mi a' dol suas an staidhre." An cuala sibh ge-tà, rudeigin mar: "Tha mi a-muigh an-dràsta," no "Tha an duine shuas an staidhre"? Dè an diofar?

Sa Ghàidhlig, feumaidh sinn a dhèanamh soilleir a bheil an duine no an rud aig tàmh no a' gluasad. Ann an, "Tha mi a' dol suas an staidhre", tha mise a' gluasad; tha mi a' dol suas gu fiosaigeach. Ann an, "Tha an duine shuas an staidhre," chan eil e a' gluasad suas no sìos; tha e shuas. Dh'fhaodadh e gluasad mun cuairt shuas an staidhre, ach bhiodh e fhathast shuas.

A-staigh
a-steach
a-muigh
a-mach

Smaoinich air a seo: tha mise a-staigh an-dràsta, a' bruidhinn ris a' chamara seo. Bidh mi ag èirigh bho àm gu àm, is dòcha gus cupa tè a dhèanamh dhomh fhèin, neo a' dol a bhruidhinn ri cuideigin ann an seòmar eile. Tha mi am broinn an taighe; tha mi a-staigh.

LEVEL: **Bunaiteach-Meadhanach**
TOPIC: **Motion (Things or people at rest or in motion)**
LINGUISTIC POINTS: **in/inside; out/outside;**
across/back; over there/over here;
up/down; move down/move up

SEUMAS (JAMES):

Sometimes, in conversation, we have to say where something is or where we are going. You may have heard someone say something like: "I am going out," or "I am going upstairs." However, have you heard something like: "I am outside just now," or "The man is upstairs"? What's the difference?

In Gaelic, we have to clarify whether the person or thing is at rest or in motion. In, "I am going upstairs," I am in motion; I am physically going up. In, "The man is upstairs," he is not moving up or down; he is up. He could move around upstairs, but he will still be up.

In(side)
into
out(side)
out(wards)

Think about this: I am inside just now, talking to this camera. I get up from time to time, perhaps to make myself a cup of tea, or to go and speak to someone in another room. I am in the house; I am inside.

BM-01: Siubhal (Rudan no daoine nan tàmh no a' gluasad)

Motion (Things or people at rest or in motion)

Presenter: Seumas Dòmhnallach (James MacDonald)



SEUMAS:

Can an uair sin gun tigeadh caraid dhomh chun an dorais agam. Bhiodh am fear sin a-muigh, aig an doras. Tha mise a-staigh agus tha am fear eile a-muigh. Ge brith dè cho mòr no dè cho fada is a tha sinn a' gluasad air an taobh a-muigh no air an taobh a-staigh, 's e sin far a bheil sinn: a-muigh no a-staigh.

Nise, is dòcha gun canainn, "Thig a-steach!" ris a' charaid agam. Bhiodh dh'fheumadh esan gluasad. Cho luath is a bhiodh e air tighinn a-steach bhiodh an dithis againn a-staigh.

As dèidh greiseag is dòcha gum biodh sinn son pinnt leann fhaighinn. Rachadh an dithis againn a-mach, a' gluasad a-mach às an taigh. Nuair sin bhiodh an dithis againn a-muigh. Bhiomaid a-muigh fad an rathaid chun an taigh-sheinnshe agus an sin bhiomaid a' dol a-steach don taigh-sheinnshe son pinnt a ghabhail còmhla. Saoil dè chanamaid nuair a bhiomaid anns an taigh-sheinnshe ag òl? Am biomaid a-staigh no a-steach?

Suas
sìos
shuas
shìos.

SEUMAS (JAMES):

Let's say that a friend of mine comes to my door. He would be outside, at the door. I am inside and the other man is outside. However much or how far we move on the outside or on the inside, that is where we are: outside or inside.

Now, perhaps I might say, "Come in!" to my friend. What I have said to him involves movement; to come inside, he would have to move. As soon as he came in both of us would be inside.

After a while, we might want to go for a pint of beer. The two of us would go outside, moving out of the house. Then, both of us would be outside. We would be outside all the way to the pub and once there, we would go into the pub to have a pint together. I wonder what we would say when we were in the pub drinking? Would we be inside or in?

Up
down
up above
down below.

BM-01: Siubhal (Rudan no daoine nan tàmh no a' gluasad)

Motion (Things or people at rest or in motion)

Presenter: Seumas Dòmhnallach (James MacDonald)



SEUMAS:

Thug sinn sùil aithghearr a cheana air na h-abairtean: "Tha mi a' dol suas an staidhre," agus "Tha an duine shuas an staidhre." Chì sibh gu bheil an aon seòrsa siostaim is a bha againn roimhe an sàs an seo. Bidh mise a' dol suas an staidhre. Cho luath is a tha mi air a dhol suas an staidhre, tha mi shuas. Nuair a bhios mi deiseil shuas an sin is dòcha gum bi mi a' dol air ais sìos an staidhre agus nuair sin bidh mi shìos.

Glè mhath gu ruige seo. Tha aon rud eile ri cur ris ge-tà mus tuig sibh seo ceart. Tha mise shìos an staidhre agus tha mo bhean shuas. Ma tha mise ag iarraidh oirre a bhith shìos còmhla rium, canaidh mi: "Thig a-nuas!" Tha e car coltach ri giorrachadh air thig à shuas; thig a-nuas. Can ge-tà gu bheil mo bhean car rag na beachdan, canaidh ise: "Cha tig! Thig thusa a-nìos." (Thig à shìos; thig a-nìos.) Dh'fheumainn an uair sin a dhol suas an staidhre.

A-null
a-nall
thall
a-bhos.

Tha aon suidheachadh eile ann, air an toir sinn sùil an-dràsta. Can gu bheil co-ogha agam thall an Canada. An cuala sibh sin: "thall an Canada"? Tha i a' fuireach thall an sin. Chan eil i a' gluasad; tha ise thall. Tha mise a-bhos an seo, ann an Alba. Tha ise thall agus tha mise a-bhos. Uaireannan bidh mise a' dol a-null a Chanada son a faicinn. Aig amannan eile bidh ise a' tighinn a-nall à Canada gam fhaicinn-sa.

SEUMAS (JAMES):

We've just taken a brief look at the phrases: "I am going upstairs," and "the man is upstairs." You will see that a similar system to what applied there also applies here. I will go upstairs. As soon as I have gone upstairs, I will be up. When I'm finished up there, perhaps I might go back downstairs, at which point, I will be down.

So far so good. There's one more thing to add before you understand this properly. I'm downstairs and my wife is upstairs. If I want her to be down with me, I'll say: "Come down!" It's a bit like a contraction of "come from above"; come down. But say my wife is quite stubborn about such things, she'd say: "I won't! You come up." (Come from below; come up.) I would then have to go upstairs.

over (to the other side)
over (to this side)
over there (on the other side)
over here (on this side).

There's one more situation which we're going to look at now. Let's say I have a cousin over in Canada. Did you hear that: "over in Canada"? She lives over there. She isn't in motion; she is over. I am over here, in Scotland. She is over there and I am over here. Sometimes I go over to Canada to see her. At other times, she comes over from Canada to see me.

BM-01: Siubhal (Rudan no daoine nan tàmh no a' gluasad)

Motion (Things or people at rest or in motion)

Presenter: Seumas Dòmhnallach (James MacDonald)



SEUMAS:

Is dòcha gu bheil seo doirbh a thuigsinn. 'S ann a tha e ag obair a rèir far a bheil an duine a tha a' bruidhinn na sheasamh. Mar sin tha mise a-bhos an seo ann an Alba agus tha mi ag iarraidh oirre tighinn a-nall bho Chanada a chèilidh orm. Nam b' e is gun robh ise a' bruidhinn riumsa, bhiodh ise a' smaoineachadh gun robh ise aig an taigh a-bhos an Canada agus gun robh mise ag iarraidh oirre a dhol a-null a dh' Alba! Cluinnidh sibh eisimpleir de seo san òran 'Teann a-Nall'. Cluinnidh sibh cuideachd gu tric e nuair a tha daoine a' toirt (seachad) stiùireadh do chuideigin, mar eisimpleir: "Tha am banca air taobh thall an rathaid bhon sgoil."

A bheil sibh eòlach air eisimpleirean eile far an cuala sibh a-bhos, thall, a-null no a-nall?

Mar sin leibh an-dràsta.

SEUMAS (JAMES):

This can be difficult to understand. It all depends on the location of the speaker. So, I am over here in Scotland and I want her to come over from Canada to visit me. If she were speaking to me, she would think that she was at home over in Canada and that I wanted her to go over to Scotland! You'll hear an example of this in the song, 'Teann a-Nall'. You will often hear it when some is giving directions to somebody, for example: "The bank is across the road from the school."

Can you think of other examples where you heard over here (on this side); over there (on the other side) over (to the other side), over (to this side),

Goodbye for now.